

## C1-3-1-1 Modal 3 Aonad 1 Dè an dath a th' air? Earrannan Èisteachd

### (Earrann 1) (1. Èist) Na Dathan

C1-3-1-2 buidhe , dearg, donn , dubh , geal , glas, gorm , liath, orains, pinc, purpaidh, ruadh, uaine. (x3)

### C1-3-1-3 Earrann 2 (3. Èist) Pinn

- C1-3-1-4 a. Sharon. Seo peann dubh.
- C1-3-1-5 b. A Mhàiri. Seo peann gorm.
- C1-3-1-6 c. Seo peann uaine, a Dhaibhidh.
- C1-3-1-7 d. A Phàdraig, seo peann buidhe.
- C1-3-1-8 e. A Chatriona, sin peann dearg.
- C1-3-1-9 f. A Thòmais, seo peann purpaidh.
- C1-3-1-10 g. Seo peann orains, Anna.
- C1-3-1-11 h. A Raonaid, sin peann pinc.
- C1-3-1-12 i. A Dhòmhnaill, seo peann ruadh.
- C1-3-1-13 j. Seo peann glas, a Mhairc.
- C1-3-1-14 k. A Chaluim, seo peann liath.
- C1-3-1-15 l. Peann donn, a Sheònайд.
- C1-3-1-16 m. Tha mi duilich, Alasdair. Chan eil peann geal ann.

### C1-3-1-17 Earrann 3 (6. Èist) Ball-coise

- C1-3-1-18 a. Mòrag: Dè an dath a th' air Celtic?  
lain: Tha uaine agus geal air Celtic.
- C1-3-1-19 b. Mòrag: Dè an dath a th' air Dundee United?



- Pòl: Tha orains agus dubh air Dundee United.
- C1-3-1-20 c. Mòrag: Dè an dath a th' air Rangers?  
Catriona: Tha gorm, dearg agus geal air Rangers.
- C1-3-1-21 d. Mòrag: Dè an dath a th' air Obar Dheathain?  
Seumas: Tha dearg air Obar Dheathain.
- C1-3-1-22 e. Mòrag: Dè an dath a th' air Norwich City?  
Calum: Tha buidhe agus uaine air Norwich City.
- C1-3-1-23 f. Mòrag: Dè an dath a th' air Cille Mheàrnaig?  
Sìne: Tha gorm agus geal air Cille Mheàrnaig.

---

**C1-3-1-24 Earrann 4 (7. Èist) Aodach**

- C1-3-1-25 a. geansaidh
- C1-3-1-26 b. lèine
- C1-3-1-27 c. seacaid
- C1-3-1-28 d. còta
- C1-3-1-29 e. dreasa
- C1-3-1-30 f. sgiorta
- C1-3-1-31 g. briogais
- C1-3-1-32 h. brògan
- C1-3-1-33 i. brògan-spòrs
- C1-3-1-34 j. miotagan
- C1-3-1-35 k. drathais
- C1-3-1-36 l. sgarfa
- C1-3-1-37 m. ad
- C1-3-1-38 n. stocainnean
- C1-3-1-39 o. taidh



**C1-3-1-40 Earrann 5 (9. Èist) Seacaid agus còta**

- C1-3-1-41 a. Tha an geansaidh gorm snog, a Chaluim.
- C1-3-1-42 b. Tha lèine gheal air Màrtainn.
- C1-3-1-43 c. Tha dreasa phurpaidh air Sine.
- C1-3-1-44 d. Tha miotagan uaine air Alison.
- C1-3-1-45 e. Tha seacaid bhuidhe air Tòmas.
- C1-3-1-46 f. Tha còta dearg air Shahira.
- C1-3-1-47 g. Tha sgiorta dhonn air Màiri.

**C1-3-1-48 Earrann 6 (11. Èist) Lèine ghorm**

- C1-3-1-49 a. sgarfa donn
- C1-3-1-50 b. bròg gheal
- C1-3-1-51 c. briogais għlas
- C1-3-1-52 d. seacaid dhearg
- C1-3-1-53 e. còta gorm
- C1-3-1-54 f. lèine phurpaidh
- C1-3-1-55 g. geansaidh uaine

**C1-3-1-56 Earrann 7 (14. Èist) Anns a' bhaga**

- C1-3-1-57 Nise ... briogais dhubh, lèine-T uaine, seacaid gheal, brògan spòrs, sgiorta ghorm agus geansaidh pinc. Tha mi deiseil a-nis!

**C1-3-1-58 Earrann 8 (15. Èist) Tha thu spaideil!**

- C1-3-1-59 a. Pàdraig: Dè an t-aodach a th' ort an-diugh, lain?  
lain: Tha briogais dhubh agus geansaidh glas orm.  
Pàdraig: Uill, tha thu spaideil!

- C1-3-1-60    b. Pàdraig: Dè an t-aodach a th' ort, a Chatriona?  
 Catriona: Tha sgiorta ghorm, bòtannan dubha agus lèine phinc orm.  
 Pàdraig: Tha thu gu math spaideil!
- C1-3-1-61    c. Pàdraig: Dè an t-aodach a th' ort, a Mhàrtainn?  
 Màrtainn: Tha seacaid uaine, briogais dhonn agus brògan spòrs orm.  
 Pàdraig: Obh, obh! Chan eil thu spaideil idir!

**C1-3-1-62    Earrann 9 (16. Èist)    Dè an t-aodach a th' ort?**

- C1-3-1-63    a. Peigi: Dè an t-aodach a th' ort, a Mhàiri?  
 Màiri: Tha briogais ghorm agus lèine dhearg orm.
- C1-3-1-64    b. Peigi: Dè an t-aodach a th' ort, Anndra?  
 Anndra: Tha briogais dhonn, càta uaine agus ad bhuidhe orm.
- C1-3-1-65    c. Peigi: Dè an t-aodach a th' ort, a Chatriona?  
 Catriona: Tha dreasa phinc, brògan orains agus seacaid liath orm.
- C1-3-1-66    d. Peigi: Dè an t-aodach a th' ort, a Thòmais?  
 Tòmas: Tha càta mòr dearg orm.
- C1-3-1-67    e. Peigi: Dè an t-aodach a th' ort, a Mhairc?  
 Marc: Tha aodach spaideil orm.
- C1-3-1-68    f. Peigi: Dè an t-aodach a th' ort, Emma?  
 Emma: Tha dreasa gheal agus seacaid phurpaidh orm. Tha mo bhòtannan agus mo mhìotagan purpaidh cuideachd.
- C1-3-1-69    g. Peigi: Dè an t-aodach a th' ort, a Dhaibhidh?  
 Daibhidh: Fuirich mionaid! Chan eil aodach orm!  
 Peigi: Obh, obh! Gabh mo leisgeul!
- C1-3-1-70    h. Peigi: Dè an t-aodach a th' ort, Anna?  
 Anna: Tha briogais dhubbh agus lèine gheal orm.  
 Tha mi a' dol dhan sgoil.



**C1-3-1-71 Earrann 9 (Sùil air ais 3) A' dol a-mach**

- C1-3-1-72 a. Is mise Calum. Tha lèine dhubh orm.
- C1-3-1-73 b. Is mise Seonag. Tha còta dearg orm.
- C1-3-1-74 c. Hai! Raonaid an seo. Tha ad bhuidhe orm.
- C1-3-1-75 d. Seo Daibhidh. 'S e geansaидh purpaidh a th' orm.
- C1-3-1-76 e. Is mise Seumas. Seo mo sheacaид uaine.
- C1-3-1-77 f. Is mise Catriona. Tha bòtannan geala orm.

**C1-3-1-78 Earrann 10 (Sùil air ais 4) Seall an t-aodach orm an-diugh**

Seall an t-aodach orm an-diugh:

Seacaид ghorm, brògan dubh'.

Seall an t-aodach orm an-diugh:

Tha mi a' coimhead spaideil!

Sèist:                    'S a io alo a laididh um

                          'S a io alo a laididh um

                          'S a io alo a laididh um

                          Tha mi a' coimhead spaideil!

Seall an t-aodach orm an-dràst':

Geansaيد uaine, còta glas.

Seall an t-aodach orm an-dràst':

Tha mi a' coimhead spaideil!

Seall an t-aodach orm san sgoil:

Briogais dhubh is lèine gheal.

Seall an t-aodach orm san sgoil:

Tha mi a' coimhead spaideil!

Cuir ort miotagan is sgarf!

Siuthad – tha sinn 'dol a-mach!

Cuir ort miotagan is sgarf!

Tha sinn a' coimhead spaideil!



**C1-3-1-79 Earrann 11 Cultar 'S ann an ìle**

Sèist:

'S ann an ìle, 'n ìle, 'n ìle,  
 'S ann an ìle rugadh mi.  
 'S ann an ìle, 'n ìle, 'n ìle,  
 'S ann an ìle bhòidheach.

'S ann an ìle ghorm an fheòir  
 A rugadh mi 's a thogadh mi  
 'S ann an ìle ghorm an fheòir  
 A rugadh mi 's a bha mi.

'S ann an ìle bhòidheach  
 A rugadh mi 's a thogadh mi,  
 'S ann an ìle bhòidheach  
 A rugadh mi 's a bha mi.

Nuair a bha mi ann an ìle  
 Bha Catriona cuide rium,  
 Nuair a bha mi ann an ìle  
 Bha Catriona còmh' rium.

Am measg nam bruachan bòidheach, buidhe,  
 Bha Catriona cuide rium,  
 Am measg nam bruachan bòidheach, buidhe,  
 Bha Catriona còmh' rium.

